



B' àbhaist don fheusgan-neamhnaid fhìor-uisge a bhith cumanta ann an Alba. Ach tha truailleadh nan aibhnichean agus eucoir air a shuidheachadh a chur an teagamh.

Cor cugallach neamhnaid nan aibhnichean Albannach

Thathar ag ràdh gum b' e iadsan a thug air Julius Caesar agus na Ròmanaich ionnsaigh a thoirt air Breatainn anns a' bliadhna 54 R.C. Agus gheibh sibh lorg air aon de na h-eisimpleirean as bòidhche dhiubh am measg seudan crùn na h-Alba.

Ach ged a tha àite tèarainte aig an fheusgan-neamhnaid fhìor-uisge ann an eachdraidh, tha e coltach gu bheil a shuidheachadh san àm ri teachd gu math cugallach.

Ged a tha an lagh ga dhion gu tur – thèid neach sam bith a thogas e, a chuireas dragh air, no a ni cron air, a leantainn san lagh no fiù 's a chur am prìosan – tha daoine fhathast ga thogail gu mì-laghail.

Tha a' ghnè fo bhagairt eucoireach chudromach a tha a' cur a maireannachd an teagamh, agus mar sin dheth tha i air a sònrachadh mar aon de phrìomh amasan na bliadhna 2008 a thaobh eucoir fiadh-bheatha. Tha SNH, feachdan poileis, Aonad Nàiseanta Eucoir Fiadh-bheatha agus buidhnean-gnìomha eile a' co-obrachadh gus mothachadh àrdachadh agus eucoir fiadh-bheatha a lùghdachadh.

1

Tha am feusgan-neamhnaid a' fuireach ann an aibhnichean agus uillt luath-shruthach, far a bheil iad glan agus gun an truailleadh. Bidh e falaichte no leth-fhalaichte ann an gainmheach gharbh no grinneal min. Dealbh le Sue Scott/SNH.

2

Tha àireamh mhath de ar n-aibhnichean, mar an tè seo anns a' Mhonadh Ruadh, air an amas le poitsearan san àm a dh'fhalbh.

Tha feum air a' ghnìomh seo oir tha Alba na daingnich don fheusgan-neamhnaid. A rèir coltais, tha mu 60% de na h-àireamhan a th' anns an t-saoghal gu lèir a' briodadh anns na h-uisgeachan againne. Ann an Sasainn, air an làimh eile, chan eil ach aon abhainn anns a bheil àireamh fhallain a' briodadh, agus chan eil a leithid idir anns a' Chuimrigh. Ann an grunn aibhnichean ann an Sasainn agus anns a' Chuimrigh, dh'fhàs an suidheachadh cho draghail o chionn goirid 's gun deach iomadh buidheann fheusgan a thoirt às na h-aibhnichean aca agus a-steach do phròiseactan-briodaidd braighdeanach a chum 's nach rachadh iad à bith.

Ach tha coltas ann gu bheil am feusgan-neamhnaid a-nis ann an droch shuidheachadh ann an Alba cuideachd. Tha truailladh bho chaochladh thùsan, leithid siostaman òtrachais, gnìomhachais, tuathanachais dèine agus coilltearachd, maille ri innleireachd air grunn aibhnichean, air pàirt a ghabhail anns a chrionadh. Dh'fhaodadh gu bheil an fheadhainn a bhios a' cur an gnìomh obraichean innleireachd air grunn aibhnichean uaireannan a' briseadh an lagha ma tha na h-obraichean seo a' buaireadh an fheusgain-neamhnaid. A bharrachd air na factaran seo, tha eucoraich ann a bhios ri iasgach nam feusgan agus iad air tòir nan neamhnaidean a bhios uaireannan annta.

'S e an cudrom seo air an àrainneachd – maille ri cho slaodach 's a tha iad a' tighinn gu ìre – as coireach gu bheil am feusgan-neamhnaid am measg nan gnèithean a th' ann am fìor chunnart ann an Alba.

Tha gnìomhan eucoireach nas buailtiche air a dhol air adhart timcheall air aibhnichean eadar an Cèitean agus an t-Sultain nuair nach bi an t-uisge cho domhain. Mar sin dheth, ma bhios sibh a-muigh air bruach na h-aibhne as t-samhradh am bliadhna, agus a' faicinn rudeigin amharasach, no ma bhios amharas agaibh gu bheil eucoir gu bhith air a dhèanamh, nach cuir sibh fios don stèisean phoileis ionadail cho luath 's a ghabhas. Ma tha e comasach dhuibh, feuchaibh ri bruidhinn ri Oifigear Eucoir Fìadh-bheatha agus Àrainneachd a' Phoileis, no cuiribh fòn gu Crimestoppers air 0800-555-111.

“'S e Alba prìomh dhaingneach na cruinne don ghnè seo, le barrachd is leth nan àireamhan a tha a' briodadh anns an saoghal air fad, cho fad 's is aithne dhuinn,” mhinich Iain Sime, Oifigear Poileasaidh agus Comhairle Fìor-uisge aig SNH.

“Faodaidh feusgain-neamhnaid a bhith beò eadar 80 agus 100 bliadhna ach chan eil iad a' tighinn gu ìre gus am bi iad mu 10 no 15 bliadhna a dh'aois, agus mar sin dheth chan fhaod buidheann a bhith maireannach mas e dìreach feadhainn òga a th' innte.

“Leis cho buannachdail a tha an goireas prìseil seo don dualchas nàdarra againn, tha sinn a' guidhe air daoine gun a bhith a' cur buaireadh air idir nar n-aibhnichean. Tha e mì-laghail a bhith a' togail na gnè seo agus faodaidh casaidean eucoireach no prìosan leantainn bho sin.”

Tha am feusgan-neamhnaid a' soirbheachadh ann an uisge glan, luath-shruthach anns nach eil mòran beathachaidh no cailsium, le clachan agus gainmheach air grunn na h-aibhne. Tha na larbhan a' greimeachadh ri giùirean bhreac agus bhradan as t-samhradh agus a' fuireach ann, gun cron a dhèanamh don iasg, gus am bi iad a' tuiteam dheth as t-earrach agus a' cladhach a-staigh do ghrunn na h-aibhne far am bi iad a' fàs gu ìre. Tha na feusgain nam 'biofilters': 's e seo gu bheil iad a' criathradh ghràineanan agus a' cuideachadh le glaineach an uisge a ghleidheadh.

Bha am feusgan-neamhnaid cumanta uaireigin ann an Alba. Tha neamhnaid Kellie, a chaidh a lorg ann an fo-abhainn den Ythan ann an 1621, am measg nan neamhnaidean as motha a fhuaras ann an Alba a-riamh. Chaidh a thoirt mar thiodhlac don rìgh Seumas VI le Àrd-Phròbhaist Obair-Dheathain agus tha i a-nis na pàirt de sheudan crùn na h-Alba.


B' àbhaist do ghnìomhachas cudromach, le àireamh cheudan de dhreuchdan na chois, a bhith stèidhichte air an fheusgan-neamhnaid, ach chaidh cus a thogail agus cha mhòr nach deach na stuic a sgrios. Ann an 1998, leis gun robh àireamhan air a dhol sìos gu h-uabhasach, thugadh làn dhìon dha.



Cothrom don choimhearsnachd

1

Tha Lesley Riddoch, neach-naidheachd agus craoladair, na cathraiche air Buidheann Gnìomha eilean Ruma. Tha e na uallach air a' bhuidheann seo coimhearsnachd bheothail, nach bi an urra ri SNH a-mhàin, a chruthachadh. Tha Lesley a' toirt tuairisgeul air stèidheachadh na buidhinn gnìomha agus air an obair a ghabh iad os làimh.



1
A' coimhead mu thuath bho Chille Mhoire a dh'ionnsaigh an Eilein Sgitheanaich. Dealbh le Laurie Caimbeul/SNH.

2
Luchd-tadhail a' gabhail picnic taobh a-muigh an talla agus bùth na coimhearsnachd. Dealbh le Iain Mac a' Phearsain/SNH.

3
Tha Ceann Locha, prìomh thuineachadh an eilein, aig bràigh Loch Screasoir. Dealbh le P&A MacDhòmhnaill/SNH.

Bun-fhiosrachadh

Ann an 2004, leasaich SNH agus coimhearsnachd Ruma plana airson baile Cheann Locha, a bheireadh cùl-taic do leasachadh coimhearsnachd an eilein. An-uiridh, stèidhich a' choimhearsnachd Urras Coimhearsnachd Ruma agus thòisich i air plana a chur an gnìomh gus fearann agus taigheadas an eilein a ghluasad thairis don urras.

Aig an àm seo, tha a' mhòr-chuid de bhun-structair an eilein – taighean, a' chidhe, rathaidean, solar-uisge, solar-cumhachd is eile – fo chùram SNH. Le a bhith a' gluasad nan goireasan seo thairis, bidh cothrom aig SNH air a neart uile a chur ann an stiùireadh an tèarmainn, agus cùl-taic a thoirt do leasachadh coimhearsnachd neo-eisimeileach agus obair eaconomach neo-eisimeileach.

Chuir Micheal Ruiseal, Ministear airson na h-Àrainneachd, Buidheann Gnìomha air bonn anns an Dùbhlachd 2007 gus cùl-taic a thoirt don ghluasad-thairis seo. Tha am buidheann fo stiùireadh Lesley Riddoch, neach-naidheachd agus craoladair a bha roimhe na ball de dh'Urras Eige.

2



3



Tha Ruma air a bhith na Thèarmann Nàdair Nàiseanta (NNR) fad ceud bliadhna, le cuideam air an àrainneachd nàdarra seach àrainneachd mac an duine. Is beag an t-iongnadh seo a bhith ann oir, o chionn leth-cheud bliadhna nuair a thug an teaghlach Bullough an t-eilean thairis don Chomhairle Glèidhteachas Nàdair, cha robh mòran dhaoine mun cuairt.

Chaidh Ruma fhuadach gu h-iomlan ann an 1826 agus bha e na fhearann sealgaireachd gus an do ghabh luchd-glèidhteachais seilbh air ann an 1957. An-diugh, thathar den bheachd gu bheil àrainneachd an eilein fhathast cudromach aig ìre nàiseanta mar thoradh air sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air treud fèidh an eilein thairis air 30 bliadhna, maille ri iolairan buidhe agus iolairan sùil-na-grèine, àrainn puill-mònach, agus grunn fhachach a tha a' neadachadh air creagan de ghaineamh-chlach air falbh bhon mhuir.

Tha Caisteal Cheann Locha fhathast tarraingeach do luchd-turais, le 6,000 neach a' tadhal air gach bliadhna. Tha An Cuiltheann Rumach mar lethbhreac nas lugha den choogha aige san Eilean Sgitheanach – chan eil beanntan ann an Ruma a tha barrachd is 3000 tròighean a dh'àirde ach tha gu leòr mhullach bideanach èireachdail ann, le cumaidhean drùidhteach eileanan eile na ceàrnaidh mun cuairt orra. Air latha math, tha coltas mòrail is gaisgeil aig Ruma. Air droch latha, tha e coltach gu bheil àireamhan uabhasach ann den mheanbh-chuilleig as guinich san Leth-chruinne-a-Tuath. Tha còig uiread de dh'uisge sa bhliadhna ann an Ruma 's a tha ann an Inbhir Narann, agus ann an 1845 rinn an geòlaiche Ùistean Mac a' Mhuilleir iomradh air an eilean mar “cumadh-tìre gun dhaoine”.

Le àireamh-sluaigh de 31 a-mhàin nuair a chaidh mi ann nas tràithe am-bliadhna, bha e coltach nach robh mòran air atharrachadh, a-mach air miann poileataigeach a thaobh ath-bheothachadh sluaigh Ruma agus leasachadh plana gus an 'Eilean Beag' a thionndadh gu bhith na fhìor choimhearsnachd neo-eisimeileach seach baile-companaidh beag.

Ach cha ghlòir a dhearbhas ach gnìomh!

Plana airson gluasad-thairis

Chaidh cùisean a chur air ghluasad aig deireadh 2007, mus robh mi fhìn an sàs, nuair a chaidh Micheal Ruiseal, a bha roimhe a' fuireach an Innse Gall, ainmeachadh mar Mhinistear airson na h-Àrainneachd ann an riaghaltas ùr Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba. Thàinig Micheal, a bha a' fuireach ann am Beinn a' Fhadhla aig aon àm, a thadhail air Ruma agus dh'aontaich e le SNH gun robh cruaidh fheum aig àrainneachd daonna an eilein air cùram.

“Chan eil e buannachdail dìreach a bhith a' dòrtadh barrachd airgid a-steach do Ruma mar a chaidh a dhèanamh san àm a dh'fhalbh,” thuir e.

Mar sin dheth, leasaich an Riaghaltas agus luchd-stiùiridh SNH plana gus sealbhachd agus stiùireadh chùisean làitheil a ghluasad thairis do choimhearsnachd an eilein, do chuangothan buntainneach, agus do Chomhairle na Gàidhealtachd. Bhiodh SNH saor an sin gus amas air stiùireadh an Tèarmainn Nàdair Nàiseanta. Agus a chionn